

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 10 | 2013 | AN DAMHAIR

Facal Toisich

An còmhnaidh tha dealbh eaglais againn air an duilleig aghaidh. An turas seo tha dealbh againn de dh'Eaglais a' Chorrain anns an Oban, eaglais cho ùr agus a tha ann an Clèir Earra Ghàidheal, far nach bi an coitheanal a' coinneachadh tuilleadh. Tha cosgais mhòr co-cheangailte ri bhith a' cumail thogalaichean ann an òrdagh, agus cha bhi ach aon eaglais a-nis anns a' bhaile aig Eaglais na h-Alba. Bha e ro-chosgail dà eaglais a chumail suas.

Chan eil e furasta a bhith a' faicinn taigh-adhraidh far an robh na ginealaichean a' frithealadh sheirbheisean ga dhùnadh. Ach bidh sin a' tachairt glè thrìc anns an latha anns a bheil sinne beò. Tha goireasan-siubhail mòran nas fheàrr, tha barrachd chàraichean aig daoine, agus chan eil àiteachan cho iomallach agus a bha iad uaireigin.

Aig toiseach tòiseachaidh cha robh eaglaisean aig Crìosdaidhean. Bhiodh iad a' coinneachadh ann an dachaighean a chèile, agus tha buidhnean Crìosdail ann a bhios a' dèanamh sin nar latha fhèin. Fad corr is bliadhna bha an eaglais anns am bi mise ag adhradh dùinte a chionn gun do rinn stoirm milleadh oirre, agus bha seirbheisean air an cumail ann an talla a' bhaile. Bha an coitheanal glè chofhurtail an sin, ach bha iad toilichte nuair a chaidh an eaglais fhosgladh a-rithist, air a càradh agus air a cur air dòigh gu snasail.

Anns an naodhamh linn deug chaidh eaglaisean mòra spaideil a thogail air feadh Alba. Tha e air leth daor an-diugh a bhith a' càradh agus a' leasachadh nan togalaichean sin. Tha na h-eaglaisean ùra a thèid fhosgladh anns an linn seo mòran nas sìmplidhe.

Tha dàimh againn uile ris an eaglais far am bi sinn a' cleachdadh a bhith ag adhradh. Ach nach math gum faod àite sam bith a bhith "na thaigh Dhè agus 'na gheata nèimh."

**Leis gach beannachd,
Ruairidh MacLeòid.**



On latha mu dheireadh den mhìos seo cha bhi seirbheisean air an cumail tuilleadh ann an Eaglais a' Chorrain anns an Oban. Chaidh an eaglais a thogail eadar 1954 agus 1957 le airgead a dh'fhàg Anna NicCaoig, tè den teaghlach ainmeil a rinn mòran às leth a' bhaile. Chùm an coitheanal cruinneachadh sònraichte ann an Eaglais a' Chorrain, a' coimhead air ais air eachdraidh an togalaich. Bidh coitheanal Eaglais na h-Alba a-nis a' cumail nan seirbheisean air fad ann an Eaglais Rathad Ghleann Chruitein, far a bheil seirbheis Ghàidhlig air a' cheathramh Sàbaid den mhìos.

Cùil Nan Ceist

Air a' mhìos seo 's ann mu thaighean a tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh. Anns a' Bhìoball tha iomradh againn air iomadh seòrsa taigh, agus an dèidh gach ceist gheibh sibh na caibideilean anns an lorg sibh iad. Tha na freagairtean air an duilleig chùil.

1. Cò a thug aoigheachd do dh'Ìosa 'na taigh? (Lùcas, caibideil 10)
2. Lìon a' bheàrn – "Fhuair eadhon an ----- taigh." (Salm 84)
3. Cò aig an robh taigh làimh ris an fhairge? (Gnìomharan, caibideil 10)
4. Dè an t-ainm a bha air an t-sràid far an robh taigh Iùdais? (Gnìomharan, caibideil 9).

Coigrich – 2

Glè thric nuair a nochdas sinn coibhneas do choigreach cha bhi fios againn cò iad no dad mun dèidhinn. Anns an naodhamh linn deug bha seann bhoireannach a' fuireach leatha fhèin ann an taigh beag ann an ceàrn iomallach de shiorrachd Obar Dheadhain. An latha a bha seo chunnaic i tè air an robh coltas bean uasail a' coiseachd seachad air a' bhothan aice. Mar a bhiodh i an còmhnaidh a' dèanamh, thug a' chailleach chòir cuireadh don tè'le tighinn a-steach, a h-anail a leagail agus cupa tè a ghabhail. Chuir iad seachad greis ghasta a' còmhradh agus chùm a' bhana-choigreach air adhart air a slighe. B'ann an dèidh làimhe a thuig am boireannach blàth-chridheach sin gur ann don Bhan-rìgh Victoria a bha i air coibhneas a shealltainn.

Ann an litir nan Eabhraidheach tha sinn a' leughadh, *Na dearmadaibh aoidheachd a thoirt do choigrich; oir le seo thug dream àraidh aoidheachd do dh'ainglean gun fhios dhaibh*. Tha an earrann sin a' togail air tachartas ann an leabhar Ghenesis nuair a dh'fhosgail Abraham a chridhe agus a dhachaigh do thriùir choigreach, agus cò a bha aige ach ainglean Dhè.

Ach chan e a-mhàin ainglean a thig ann an riochd a' choigrich. Dh'innis losa cosmhalachd mu rìgh a thug duais, oighreachd shiorraidh, do dhaoine a bha air a bhith coibhneil ris. *Bha mi am choigreach, ars an rìgh, agus thug sibh aoidheachd dhomh*. Ghabh na daoine a bha a' dol a dh'fhaighinn beannachd cho mòr iongnadh nach bu bheag. *Cuin a chunnaic sinn ad choigreach thu, agus a thug sinn aoidheachd dhut?* dh'fhaighnich iad. Agus fhreagair an rìgh, *Gu deimhin a tha mi ag ràdh ribh, a mheud is gun do rinn sibh e do aon de na bràithrean as lugha agamsa, rinn sibh dhòmhsa e*. Coibhneas sam bith a nì sinn do dhaoine eile, do choigrich, tha sinn mar gum biodh sinn ga dhèanamh do Chrìosd fhèin.

An t-Urr. Ragnall Moireastan

Bha sinn da-rìreabh duilich a chluinntinn gun do chaochail an

t-Urr. Ragnall Moireastan, ministear Alanais. Bha ceanglaichean teaghlach aige ri Uibhist a Tuath agus ris an Eilean Sgitheanach. Rugadh e ann an 1952 anns an Ath Leathann far an robh 'athair 'na pholasman. Bhuineadh 'athair do Loch nam Madadh agus bha a mhàthair à Eilean a' Cheò.

Chuala Mgr. Moireastan guth Dhè ga ghairm gu obair na ministrealachd agus ann an 1993 fhuair e BD o Oilthaigh Obar Dheadhain. Ann an 1996 chaidh a phòsadh ri coitheanal Alanais ann an Clèir Rois.

Ged a bha trioblaidean slàinte aig Ragnall Moireastan, shaoithrich e gu dìleas agus gu dìcheallach mar mhinistear agus mar bhall den Chlèir. Bhiodh e air ceann sheirbheisean Gàidhlig air an radio air *Dèanamaid Adhradh*.

Tha sinn a' toirt taing do Dhia airson na rinn e ann an seirbheis a Mhaighistir agus tha ar co-fhaireachdainn aig a bhean, Mairead, agus aig a mhac, Iain.

Searmon Beag

Ann an tìr thioraim agus thartmhoir, as eugmhais uisge.

(Salm 63:1)

Nuair a bhios sinn a' leughadh Leabhar nan Salm cha bhi sinn an còmhnaidh a' toirt fa-near gu bheil roimh-ràdh aig feadhainn aca. Tha tiotal aig an treas salm thar an trì fichead a tha ag ràdh, Salm le Daibhidh, nuair a bha e ann am fàsach Iùdah.

Tuigidh sinn pìos bàrdachd nas fheàrr ma tha fios againn dè an suidheachadh anns an robh am bàrd nuair a chuir e na faclan ri chèile. Uaireannan thèid dàn a sgrìobhadh ann an àite a tha dorcha agus dòrainneach, mar a thachair anns na trainnsichean aig àm a' Cheud Chogaidh.

Chaidh an salm seo a chur an eagaibh a chèile le Daibhidh nuair a bha e ann am fàsach Iùdah. Chan eil e air innse dhuinn carson a bha e anns an fhàsach.

An robh e airson fois agus sàmhchair fhaighinn air falbh o ghleadhraich a' bhaile agus o bheatha thrang anns an Iùchairt, air a chuartachadh le sluagh fad an t-siubhail? Bidh ceannardan

Leabhraichean

A' cheud turas a chuala mi iomradh air an ainm aig an Urr. Donnchadh Blàrach, b'ann nuair a leugh sinn am pìos bàrdachd, *Eas Niagara*, anns an sgoil. A-nis tha leabhar air leth tlachdmhor air fhoillseachadh le taghadh de na sgrìobhaidhean aig a' Bhlàrach, ann an rosg agus ann am bàrdachd. Ged a chaidh an leabhar a chlà-bhualadh ann an Canada, tha e ri fhaotainn anns an dùthaich seo cuideachd.

Tha an leabhar seo a' dearbhadh cho ealanta agus a bha Donnchadh Blàrach air rosg Gàidhlig a sgrìobhadh. Tha ainm an leabhair ag innse dè na cuspairean a bha aige anns na h-aithisgean a chuir e an clò. Tha pìosan ann mu fhògradh, mu fhuadach nan Gàidheal, agus ged a bha e a' fuireach air taobh thall a' chuain, bha fiosrachadh mionaideach aige mu

Na Sgrìobhaidhean aig an Urr. Donnchadh Blàrach, air a dheasachadh le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain agus Mìcheal Linkletter (Cape Breton University Press)

na h-àiteachan far an robh a cho-Ghàdheil ann an Alba air an cur às an fhearann. Tha an t-ainm, Fàisneachd, freagarrach cuideachd, oir tha an t-ùghdar a' sgrìobhadh mu Choinneach Odhar. Tha filidheachd anns an leabhar cuideachd, oir bha am Blàrach 'na bhàrd comasach. Dh'eadar-theangaich e laoidhean Beurla gu Gàidhlig. Nochd mòran de na sgrìobhaidhean an toiseach anns an iris, *Mac-Talla*.

Tha torr leughaidh anns an leabhar ùr seo. Tha e air a dheasachadh gu cùramach le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain. A chionn gu bheil na h-aithisgean air fad air an eadar-theangachadh gu Beurla tha fios gum bi fèill mhòr air an leabhar seo air Ghàidhealtachd agus air Ghalldachd.

dhùthchannan a' cur luach air àiteachan fàsail sìtheil far am faod iad an anail a leigeil. Bidh am Prìomhair Daibhidh Camshron bho àm gu àm a' cur làithean seachad ann an Diùra, mar a rinn e na bu tràithe air a' bhliadhna seo.

Tha e soilleir on t-salm seo gur e a dh'fhàg Daibhidh anns an fhàsach aig an àm seo gu robh e a' teicheadh o a naimhdean. Bha a bheatha ann an cunnart, rud nach robh idir 'na annas.

Bidh sinn uaireannan a' bruidheann air daoine iomraiteach a bhith anns an fhàsach, nuair nach eil iad cho ainmeil agus a bha iad uaireigin. An dèidh a' Cheud Chogaidh bha dreuchdan cudthromach aig Winston Churchill anns an riaghaltas. Ach an uair sin bha e mar gum biodh e anns an fhàsach. Cha robh na beachdan aige a' còrdadh ris a' mhòr-shluagh. Chan robh ann ach *guth a' glaothaich anns an fhàsach*. Bha e a-muigh air cùl-fraoin gus an tàinig làithean dorcha an Darna Cogaidh agus chaidh a ghairm gu bhith 'na cheannard.


Glè thric nuair a bhios aig daoine ri làithean no bliadhnanachan a chur seachad anns an fhàsach 's ann a tha an suidheachadh gan ullachadh airson obair ùr air choireigin a tha romhpa. Tha iad 'nan daoine eadar-dhealaichte, tha iad nas glìce, nas treise, a chionn gu robh iad anns an fhàsach.

Bha Eòin Baistidh air fear a chuir seachad ùine mhòr anns an fhàsach. Bha e an sin a chionn gu robh e diùid socharach agus nach bu toigh leis a bhith am measg a' mhòr-shluagh. Bha e ann airson gu robh e ag iarraidh cùl a chur ris an t-seòrsa dòigh-beatha a bha aig mòran aig an àm sin. Bha e airson beatha shìmplidh a leantainn. Agus anns an fhàsach bhiodh co-chomann aige ri Dia.

Bha Daibhidh gu litireil anns an fhàsach nuair a sgrìobh e an salm seo. Ach 's e fàsach spioradail a bha ann cuideachd. Theagaisg na fiosrachaidhean a bha aige anns an fhàsach mòran dha mu dhèidhinn fhèin, mòran mu Dhia. Dh'ullaich na fiosrachaidhean e airson na bha gu bhith roimhe.

Anns an fhàsach bha Daibhidh a' beachdachadh air cho làidir agus a bha a naimhdean, mar a bha iad le foill a' cur romhpa a mharbhadh. Ach chan eil guth aige air na naimhdean gus an ruig e an naodhamh rann a-mach à aon deug. Tha an salm a' fosgladh chan ann le eagal roimh a naimhdean, ach le creideamh ann an Dia, moladh air Dia, earbsa à Dia. An coimeas ri làthaireachd Dhè, cumhachd Dhè, tha bagraidhean nan naimhdean air an cur 'nan àite fhèin.

Sàr Sgrìobhadair Gàidhlig



Ma thadhlas sibh air Eaglais a' Bhlàraich ann an àite air a bheil Gàrradh Edein ann an Alba Nuadh chì sibh an dealbh seo den Oll. Urr. Donnchadh Blàrach a bha 'na sgrìobhaiche cho grinn ann an rosg agus ann am bàrdachd.

Rugadh Donnchadh ann an Srath Chura ann an Earra Ghàidheal ann an 1815, agus nuair a bha e òg ghluais an teaghlach gu ruige Bàideanach. Anns an sgoil dh'ionnsaich e am Bioball Beurla a leughadh, agus chuir sin iarrtas 'na chridhe na Sgrìobtaran a leughadh ann an cànan nan Gàidheal. Chaidh e gu Oilthaigh Dhùn Eideann ann an 1834. Nuair a bha e ag obair mar oide anns an Eilean Sgitheanach, bhuail tinneas e agus chuir sin mail air 'fhòghlam.

Thill am Blàrach don oilthaigh ann an 1840. Fhuair e cead-searmonachaidh on Eaglais Shaoir ann an 1844. Bha e greis a' cumail sheirbheisean ann am Bàideanach agus ann am Muile. Ach dh'fhairich e gu robh Dia ga ghairm gu bhith 'na mhinistear am measg nan Gàidheal ann an Canada. Ann an 1846 chuir e 'aghaidh air Pictou ann an Albainn Nuaidh. Thill e a dh'Alba ann an 1851 airson Màiri Siobala Niclleathain a phòsadh agus gus an d'fhuair e bàs ann an 1893 bha e a' saothreachadh ann an siorrachd Pictou ann an Canada.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "An tì a chreideas, cha dìtear e." Tha na faclan sin ann an

Soisgeul Eòin, an treas caibideil, an t-ochdamh rann deug. (Eòin 3:18.) Tha creideamh cudthromach. Ach chan e ar creideamh a tha gar cumail o dhìteadh. 'S e obair losa a tha gar saoradh. Tha ar peacaidhean gar dìteadh. Ach a chionn gun do dh'fhuiling losa nar n-àite tha sinn air ar cur saor. 'S e ar creideamh a tha gar ceangal ris an t-slàinte a choisinn Crìosd dhuinn.

Air a' mhìos seo bidh seirbheisean taingealachd air an cumail ann an iomadh eaglais. Tha sinn

a' toirt taing airson beannachdan an fhoghair. Tha bochdainn ann an iomadh dùthaich. Ma bhios cus tiormachd ann chan fhàs am barr. Ma thig tuiltean bidh am barr air a' mhilleadh. Tha adhbhar againn a bhith taingeil do Dhia gu bheil biadh gu leòr againn anns an dùthaich seo. Aig na seirbheisean bidh sinn a' seinn shalm agus laoidhean a tha a' toirt taing do Dhia.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Chail e an seòl-mara." (He lost the tide.) 'S dòcha nach e

seanfhaclan buileach a tha sin. Ach tha e anns an leabhar aig Alasdair MacNeacail le cruinneachadh mòr de sheanfhaclan. Tha am Bioball tric ag iarraidh oirnn feum a dhèanamh de na cothroman a tha againn. Bidh cothroman ann nach tig a-rithist. Tha na Sgrìobtaran ag ràdh gur e an-diugh, latha a' chothrom, latha na slàinte.

Nuair a sgrìobh mi seo bha coltas an fhoghair a' tighinn air an t-saoghal. Tha an t-side a' fàs nas

fhuaire. Tha an oidhche a' fàs nas fhaide. Tha na dathan ag atharrachadh air na duilleagan. Tha a mhaise fhèin aig gach àm den bhliadhna. 'S e am foghar an t-àm den bhliadhna a fheàrr le mòran dhaoine. Ged a tha an t-side ag atharrachadh, bidh làithean brèagha againn fhathast.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Bidh *Dèanamaid Adhradh* air a chraobh-sgaoileadh air Ràdio na Gàidheal gach madainn Sàbaid aig naodh uairean agus a-rithist aig trì uairean feasgar. Aig naodh uairean gach oidhche Dhòmhnach tha cothrom ann seirbheis Ghàidhlig a chluinntinn o thasglann a' BhBC. Tha na seann seirbheisean agus na seirbheisean ùra a' còrdadh ris an luchd-èisdeachd.

RANN

*Triallaidh sinn an ainm an Rìgh;
Nì sinn cogadh agus strì
Gus an ruigear leinn an tìr
'S am bheil sìth neo-bhàsmhor.*

Am broinn nan *Duilleag* rinn sinn lèirmheas air an leabhar a tha air ùr-fhoillseachadh mu bheatha agus sgrìobhaidhean an Urr. Donnchadh Blàrach (1815-1893). Seo rann à tè de na laoidhean a chuir e ri chèile. 'S e *Triall nan Creidmheach* a thug am bàrd air an dàn, agus tha e soilleir gur e am fonn aig *Gabhaidh sinn an rathad mòr* a tha air an laoidh.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh mu thaighean a tha air an ainmeachadh anns a' Bhioball. Seo agaibh a-nis freagairt nan ceist. 1 Marta. 2. ---gealbhan--- 3. Simon. 4. Iùdas.

SEIRBHEIS EASBAIGEACH

Tha e math a bhith a' cluinntinn mu sheirbheisean Gàidhlig ann am buidhnean eile den Eaglais Chrìosdail a bharrachd air Eaglais na h-Alba. Thugadh àite don Ghàidhlig aig seirbheis ann an Eaglais Easbaigeach Chiarain ann an Ceann Loch Chille Chiarain air an t-Sàbaid mu dheireadh den Lùnastal. Bha ullachadh sònraichte air a dhèanamh do luchd-ionnsachaidh aig a' chruinneachadh seo. Bha seinneadairean agus leughadairean Gàidhlig air a' aoigheachd aig an t-seirbheis.

TOIMHSEACHAN

Tha greiseag bho nach robh Tòimhseachan Tarsaing againn anns *Na Duilleagan*. Tha sùil againn Tòimhseachan a thoirt thugaibh ann an iris na Samhna.

ADHBHAR GAIRE

Diardaoin a' Chomanachaidh cha robh sgeul air a' mhinistear a bha a' dol a chuideachadh ministear na sgìre. Uine ghoirid ro uair na seirbheis nochd am ministear a bha iad a' feitheamh. An dèidh na seirbheis thubhairt boireannach còir ri ministear a' choitheanail, "Nach sinn a bha taingeil nuair a chunnaic sinn am ministear eile. Bha eagal ar beatha oirne gur e sibh fèin a bha gu bhith ann." Thuig am ministear gur e a bha i a' ciallachadh nach robh i airson gun tigeadh an gnothach air gu cabhagach, agus chan e nach robh iad airson a chluinntinn.

Urnaigh

A Dhè thròcairich,
Dia an earraich agus Dia an fhòghair,
nuair a tha rudan a' fàs
agus rudan a' crìonadh,
tha sinn a' toirt taing dhut
gu bheil Thu a' gealltainn a bhith maille rinn
nuair a tha creideamh a' tighinn fo bhlàth
agus nuair a tha creideamh a' seargadh.
Ma tha ar creideamh làidir,
deònaich gum bi e a' fàs nas treise.
Ma tha ar creideamh lag,
le cumhachd do Spioraid
gum biodh e a' tighinn air adhart.
Tre Chrìosd, ar Slànaighear.

Amen

**An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh den ghealaich
agus i slàn os cionn Loch Fìn.
Chì sinn seallaidhean brèagha
ri oidhche gealaich air
a' Ghàidhealtachd agus
anns na h-Eileanan.**